

Comataidh Inbhean MG ALBA

BBC, Pacific Quay, Glaschu

Dihaoine 10 Cèitean 2019, 1030-1330

Dreach geàrr-chunntas

Buill: Jo NicDhòmhnaill (*sa Chathair*) Iain Stephen Moireasdan

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (*An t-Àrd-Oifigear*)

Iseabail Nic an t-Sagairt (*Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd*)

Maireadh Chamshron (*Deasaiche Seanail*) - airson puing 9

Mairi Anna NicAonghais (*a' gabhail nòtaichean*)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach (*Ceannard Seirbheis*)

Alasdair MacCuish, Duncan Dòmhnallach, Iain MacLeòid (Bees Nees Media) – airson puing 9

1. Leisgeulan

Calum MacFhearghais, Ailean Dòmhnallach.

2. Gnothach Dearbhte

Dh'innis Jo NicDhòmhnaill gu robh i air obair a dhèanamh cheana le Bees Nees Media.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 11/2/19

Aontaichte.

4. Gnothaichean ag èirigh

4.1 **LearnGaelic** – chaidh còmhraidh a chumail mun iomairt fastaidh co-cheangailte ri a) Manaidsear Ionnsachaidh (aig an robh aonta ann am prionnsabal bhon BhBC le dùil gum bi pàipear aig coinneamh in-thaigh a' BhBC sa chola-deug tha romhainn) agus b) Leas-Deasaiche Ionnsachaidh le Bòrd na Gàidhlig

4.2 Chomharraich a' Chomataidh gu robh iad a' fàs an-fhoiseil agus draghail mun dàil a thaobh nan obraichean seo agus a' bhuidh a bh' aige air obair leasachaidh. Chaidh aontachadh gu feumadh inbhe agus aire a thaobh na h- iomairt seo àrdachadh.

- 4.3 Chaidh còmhradh a chumail mu cò am buidheann a bu chòir a bhith os cionn LearnGaelic, le faireachdainn aig aona bhall gum bu chòir do cheannardas na làraich a bhith aig buidheann leithid SMO seach MG ALBA.
- 4.4 Chaidh aontachadh gu robh feum air uallach stiùireadh goireasan agus pròiseactan Ionnsachaidh a bhith aig aon neach, a dhealbhadh amasan, lèirsinn agus plana gnìomh, a' gabhail eala ris an t-suidheachadh air feadh Alba agus a thogadh dàimhean agus a shireadh com-pàirtichean.
- 4.5 Chaidh aontachadh gu sgrìobhadh an t-Ard-Oifigear gu Bòrd na Gàidhlig, fon bhratach Faster Rate of Progress, gus cùisean adhartachadh. (Gnìomh: DC).
- 4.6 Chaidh aontachadh gum bu chòir seo a bhith na chuspair aig coinneamh a' Bhùird san t-Sultain. (Gnìomh: MAMI)
- 4.7 **An Là** – chaidh deasbad a chumail mun ìsleachadh ann an àireamhan luchd-coimhid. Chaidh innse gu bheil TRP a' dèanamh rannsachadh air an cuid dàta agus gu robhas dol a dhèanamh pìos obair nas mionaidiche gus faighinn a-mach càite bheil luchd na Gàidhlig a' dol airson an cuid naidheachdan fhaighinn. Tha còmhraidhean air gabhail àite le Àrd Dheasaiche a' phrògram agus thèid a' cheist seo a bhiathadh a-steach gu ceistean a' phanail.
- 4.8 Chaidh innse gu bheil fàs air fhaicinn fiùs mu thràth san dol an sàs (engagement) air na meadhanan sòisealta. Ged a tha na figearan a-nis seasmhach, tha obair a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-cleachdaidh a' faighinn na tha iad ag iarraidh.
- 4.9 Thèid fiosrachadh chun bhùird mu adhartas. (Gnìomh: IMT)
- 4.10 **Instagram Stories** – chaidh innse gu bheil obair ro-innleachdail ga dhèanamh air an seo. Chaidh innse gu bheil àireamhan an inneil seo a' fàs beag air bheag agus gu robh àireamhan Facebook fallainn.
- 4.11 **Dràma** – chaidh innse gu bheil sgioba phrògraman fhathast a' meòrachadh air an t-slighe air adhart ach gu bheil iad a' taobhadh ris a' bheachd gur e dràma leantainneach an t-slighe as fheàrr airson na seanail agus an luchd-coimhid. Bidh pàipear aig coinneamh a Bhùird san Ògmhios. (Gnìomh: IMT)
- 4.12 Chaidh fàilte a chuir air an naidheachd gum bi FilmG air an riochdachadh ann am farpais Unesco CIAK 2019, a' toirt misneachd do dhaoine òga eile a dhol an sàs sa cho-fharpais.

5. Dèanadas BBC ALBA agus na Meadhanan Sòisealta

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh nan raointean-obrach a leanas: BBC ALBA; na meadhanan didseatach; Lèirsinn 2021; trèanadh, sgilean & tàlant agus luchd-amais.

- 5.2 BBC ALBA – cleachdadh agus beachd an luchd-coimhid. Chaidh a chomharrachadh gu robh cairteal soirbheachail air a bhith ann. Tha e follaiseach nuair a tha comadaidh, dràma agus prògraman beò dhan craoladh gu bheil na h-àireamhan nas àirde. Le samhradh trang le tachartasan beò bha dòchas ann gu leanadh an t-soirbheas seo. Chaidh fàilte a chur air àrdachadh ann an ìre toileachais an lùib Ghàidheil.
- 5.3 BBC ALBA – cleachdadh nam meadhanan sòisealta. Chaidh innse nach biodh Youtube ga fhoillseachadh aig àm Cupa Cruinne ball-coise nam ban. Tha an sgioba ag obair gu cruaidh, le dùil fhoillseachadh as t-Samhradh.
- 5.4 Chaidh innse gu bheil ceistean mòra ann a thaobh cothroman BBC ALBA a lorg air an iPlayer gus dèanamh cinnteach gu bheil na prògraman againn rin lorg. Le triùir bho sgioba Gàidhlig a’ BhBC a-nis ann an sgioba “content discoverability” bha dòchas ann gun cuidicheadh seo. Eadar sin agus a bhith a’ brosnachadh riochdairean gus na h-ìomhaighean as fheàrr gus an cuid prògraman a shanasachadh air an iPlayer, bha dòchas ann gun tigeadh piseach air a’ ghnòthach.
- 5.5 Lèirsinn – chaidh innse nach robh an iomairt co-cheangailte ri *Foundation Apprenticeships* air a bhith uabhasach soirbheachail. Thèid cumail a’ dol leis an iomairt, le bhith a’ cur barrachd sanasachd na lùib.
- 5.6 Co-cheangailte ri iomairt UGC, chaidh aontachadh cuireadh a thoirt do CGS a bhith an làthair aig an ath choinneamh. (Gnìomh: MAMI)

6 Gnothaichean riaghlaidh na Comataidh

- 6.1 Bha Aithisg Bhliadhnail na Comataidh airson 2018/19 agus clàr-obrach na Comataidh airson 2019/20 air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Chaidh còmhradh a dhèanamh air Raon-ùghdarras na Comataidh agus thèid còmhradh a chumail eadar Cathraiche na Comataidh agus Cathraiche a’ Bhùird faic bheil atharrachadh a dhith. (Gnìomh: JMD)
- 6.3 Le atharrachadh beag no dha, chaidh seo aontachadh agus thèid e air adhart chun bhùird aig coinneamh air 11/6/19. (Gnìomh: MAMI)
- 6.2 Bha Fèin-mheasadh airson 2018/19 air beulaibh bhall. Bha na buill a bha an làthair a’ faireachdainn mi-chomhfhurtail gu bheil ballrachd na Comataidh cho ìseal. Le ball ùr a’ tòiseachadh san t-Ògmhios, bha dòchas gum biodh i na ball air a’ Chomataidh. Chaidh innse gum bi buill eile gan cur an dreuchd sna mìosan air thoiseach.

7. Plana Canain Nàiseanta – aonta còrdaidh le Bòrd na Gàidhlig

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mineachadh an Aonta Còrdaidh a th' ann le Bòrd na Gàidhlig an ceartuir. Chaidh deasbad a chumail am biodh e iomchaidh aonta a ruighinn air ciamar a dh'obraicheas an dà bhuidheann comhla air prìomhachasan sònraichte agus practaigeach.
- 7.2 Bha buill làidir den bheachd gur e am prìomh rud a dh'fheumadh tachairt Manaidsear Ionnsachaidh a chuir an sàs airson LearnGaelic, agus mar a chaidh aontachadh fo phuing 4.5, thèid litir a chuir gu Bòrd na Gàidhlig.
- 7.3 Chaidh aontachadh gum biodh e feumail nan tigeadh an dà bhuidheann gu aonta air ro-innleachd ionnsachaidh inbhich, le plana iomlan a ghabhas a-steach buidhnean eile agus a ni soilleir dè an ròl a bhios aig na meadhanan didseatach agus aig MG ALBA. (Gnìomh: DC)
- 7.4 Chaidh aontachadh gur e iomairt co-bhanntachd a dh'fheumadh a bhith ann an SpeakGaelic (air leth bho LG aig an ìre seo) agus bidh e air clàr-obrach Bòrd na Co-bhanntachd san Ògmhios. Nuair a tha SG stèidhichte, bu chòir gum biodh dha-rìribh dlùth-cheangal ann eadar an dà iomairt.
- 7.5 Chaidh aontachadh nach bu chòir a dhol an sàs ann an Aonta Còrdaidh choitcheann aig an ìre seo ach gum bithear fosgailte nan tigeadh moladh bho Bhòrd na Gàidhlig.

8. Ro-innleachd spòrs

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil cùmhnant spòrs Nemeton Scotland a' tighinn gu crìch san Iuchair 2020. Aig coinneamh a' bhùird sa Ghearran chaidh mìneachadh a dhèanamh air ro-innleachd spòrs BBC ALBA, na còraichean a tha nam bonn-stèidh air an sin agus na roghainnean a thaobh a' chùmhnant riochdachaidh spòrs.
- 8.2 Chaidh innse gum bi pàipear slàn aig coinneamh a' Bhùird san Ògmhios is bidh co-dhùnadh ri ghabhail air a' chùmhnant riochdachaidh an uair sin. Bha am pàipear seo mar chùl fhiosrachadh air cùisean.
- 8.3 Chaidh deasbad a chumail agus chuir a' Chomataidh an taic ris a' phàipear a bh' air am beulaibh, air am biodh tionndadh eile airson coinneamh a' Bhùird. (Gnìomh: IMT)
- 8.4 Chaidh aontachadh fiathachadh a thoirt do Nemeton a thighinn gu coinneamh dhen Chomataidh. (Gnìomh: MAMI)

9. Lèirmheas gnè – Ceòl – taisbeanadh bho Bees Nees Media

Chaidh fàilte a chuir air riochdairean bho Bees Nees Media chun choinneimh. Chunnacas taisbeanadh a' mìneachadh nam prògraman san robh iad an sàs.

Chaidh còmhradh farsaing a chumail mu nithean leithid a) an dòigh sa bheil a' chompanaidh a' feuchainn ri prògraman cruthachail a dhèanamh a dh'aindeoin dìth maoineachaidh; b) duilgheadasan an lùib a bhith a' faighinn craoladairean agus maoinedairean airson prògraman eadar-nàiseanta; c) coimiseanadh bhon t-seanail ùr, BBC Scotland agus co-coimiseanadh leotha air Belladrum agus Trnsmt; d) taic a chumail ri tàlant òga e) a bhith a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig leis a' ghinealach ùr de sheinneadairean is luchd-ciùil agus f) dèanamh cinnteach nach robhas a' dèanamh dearmad air ginealach beagan nas sine de sheinneadairean is luchd-ciùil ann am prògraman.

Chaidh taing na Comataidh a thoirt dhaibhsan a bha an làthair agus don luchd-obrach aca air fad. Le ceòl aig cridhe clàr BBC ALBA, bha MG ALBA taingeil dhaibh airson an cuid obrach.

10 Aithisean dèanadais Q4 2018/19

Chaidh seo a dheasbad fo phuing 5 agus chaidh an aithisg a chomharrachadh.

11 GISBE

Fèis nam Meadhanan Ceilteach san Aghaidh Mhòir san Ògmhios; Duaisean RTS san Ògmhios; Cupa Cruinne nam Ban san Fhraing san Ògmhios.

12 Deit na h-ath choinneimh – 4/9/19, Steòrnabhagh (Iain Stephen Moireasdan sa Chathair)

Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:

Deit: